

Comhairle na Gàidhealtachd

Geàrr-chunntas coinneamh **Comataidh na Gàidhlig** a chumadh ann an Seòmar na Comhairle, Prìomh Oifis na Comhairle, Rathad Ghlinn Urchadain, Inbhir Nis, air Diciadain, 4 Ògmhios 2025 aig 2f.

An làthair:

Mgr R Bremner (air astar)

Mgr I MacIlleDhuinn

A' Bh-uas I Chaimbeul (air astar)

Mgr S Coghill (air astar)

A' Bh-uas S Fanet

Mgr I Grafton

Dr M Gregson

Mgr P Logue

Mgr U MacAoidh (air astar)

Mgr D Mac a' Mhuilleir

A' Bh-uas M NicPheadrais (air astar)

Neo-Bhuill an làthair:

Mgr A Greumach

Mgr D Mac a' Phearsain

A' frithealadh na coinneimh:

Mgr D MacIlleDhuinn, Àrd-Oifigear

A' Bh-uas C Lackie, Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

A' Bh-uas B Scott, Àrd-Oifigear – Foghlam Thràth-bhliadhnaichean is Bun-sgoile

A' Bh-uas A Jansson, Àrd-Oifigear Eadar-amail – Foghlam Thràth-bhliadhnaichean is Bun-sgoile

A' Bh-uas L Walker, Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig

A' Bh-uas M A NicLeòid Mitchell, Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig

A' Bh-uas E Rodgers, Oifigear Poileasaidh Gàidhlig

Mgr R MacAoidh, Oifigear Leasachaidh, Foghlam agus Ionnsachadh

A' Bh-uas S NicIllinnein, Manaidsear Cho-Sheirbheisean Deamocratach

A' Bh-uas G Nic a' Phearsain, Oifigear Comataidh

Cuideachd a' frithealadh na coinneimh:

Mgr D Ansdell, Ceannard Gàidhlig agus Albais airson Riaghaltas na h-Alba

Mgr S Greumach, Àrd-Oifigear a' Chomuinn Ghàidhealaich

A' Bh-uas J NicRath, Prìomh Thidsear, agus sgoilearan bho Bhun-Sgoil Bhaile an Fhraoich

Tha rionnag air iomall na duilleige a' comharrachadh moladh a thèid chun na Comhairle. Tha co-dhùnaidhean gun chomharra fo ùghdarras na Comataidh.

Mgr D Mac a' Mhuilleir anns a' Chathair

Gnòthach

1. Gairm a' Chlàir agus Leisgeulan

Thugadh leisgeul seachad às leth Mhgr A Mhic an Tòisich.

2. Foillseachaidhean Com-pàirt/Aithris Fhollaiseachd

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan Aithris Fhollaiseachd a leanas:-

Nithean 4 agus 7 – An Dr M Gregson

3. Naidheachdan Matha

Chaidh bhidio goirid a shealltainn dhan Chomataidh, le cunntas air grunn leasachaidhean is iomairtean a bharrachd air naidheachdan matha.

Cuideachd, bhruidhinn Mgr Derek MacIlleDhuinn, Àrd-Oifigear Chomhairle na Gàidhealtachd, mun Cho-labhairt Ghàidhlig a chaidh a chumail o chionn ghoirid ann an Inbhir Nis agus far an robh fòcas air a bhith a' leasachadh eaconamaidh na Gàidhlig. Bha e air òraid a thoirt seachad aig a' Cho-labhairt, anns a' Ghàidhlig, a' beachdachadh air cho cudromach 's a bha obrachadh com-pàirteach agus a bhith a' ceangal gu dlùth ri Foghlam tron Ghàidhlig.

San deasbaireachd, chaidh fàilte a chur air an raon chothroman gus a' Ghàidhlig a bhruidhinn a bha air an sealltainn sa bhidio a bharrachd air a bhith a' toirt am follais na bha a' tachairt air feadh na Gàidhealtachd. Chaidh moladh a dhèanamh air Sgioba na Gàidhlig airson an cuid obrach chruaidh a thaobh seo. Chaidh meal a naidheachd a chur cuideachd air an Àrd-Oifigear airson a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig agus b' e adhbhar moit a bha seo.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dha na naidheachdan matha a chaidh a thaisbeanadh.

4. Bile nan Cànanan Albannach – Sgìrean Cànan Sònraichte

Aithris Fhollaiseachd: dh'fhoillsich an Dr M Gregson Aithris Fhollaiseachd a thaobh an nì seo, seach gun robh e na bhall de Chultarlann Inbhir Nis. Ach, às dèidh dha an deuchainn a chur an gnìomh, cho-dhùin e nach robh com-pàirt aige ri fhoillseachadh.

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/6/25 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine, agus thug Mgr Dùghlas Ansdell, Ceannard Aonad na Gàidhlig agus na h-Albais airson Riaghaltas na h-Alba, seachad cunntas às ùr mu Bhile nan Cànanan Albannach.

Bha Bile nan Cànanan Albannach aig ìre chudromach, agus dheigheadh an deasbad deireannach a chumail air 17 Ògmhios 2025. Bha dùil ri atharrachaidhean a thaobh a' Bhile air 9 agus 10 Ògmhios agus dh'innis Mgr Ansdell mun fheadhainn ris an robh dùil. Aon uair is gun robh am Bile air aontachadh, bhiodh Aonad na Gàidhlig agus na h-Albais ag obair còmhla ri Sgioba Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd agus feadhainn eile, airson cumadh a thoirt air an stiùireadh a dheigheadh ullachadh airson nan Sgìrean Cànan Sònraichte.

Rè na deasbaireachd, chaidh na puingean a leanas a thogail:-

- rinn buill moladh air Mgr Ansdell airson a chuid oidhirpean ann a bhith a' brosnachadh na Gàidhlig taobh a-staigh Riaghaltas na h-Alba, agus chaidh a ràdh gun robh Sgioba Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd dealasach agus diorrasach an aon rud a dhèanamh;
- chaidh fiosrachadh a shireadh agus fhaotainn, a thaobh a bhith a' dearbhadh dè bha a' cunntadh mar Sgìre Cànain Sònraichte;
- chaidh soilleireachadh a shireadh agus fhaotainn, a thaobh nan inbhean cànain agus chaidh a dhearbhadh gun robh Bòrd na Gàidhlig air stiùireadh a thoirt seachad;
- chaidh fiosrachadh a shireadh a thaobh a' mheòrachain ionmhasail agus nan Atharrachaidhean;
- a thaobh maoin eachadh, bha Riaghaltas na h-Alba an dùil gum biodh maoin a bharrachd ann airson taic a chur ri Sgìrean Cànain Sònraichte, ach cha robh dùil gun tachradh seo sa bhliadhna ionmhasail seo;
- bhathar an dùil gun deigheadh liosta deireannach nan Atharrachaidhean fhoillseachadh air làrach-lìn na Pàrlamaid ro 10 Ògmhios;
- mar fhreagairt do cheist, chaidh innse gum faodadh sgìrean le ceudad nas lugha de dhaoine le sgìlean Gàidhlig a bhith fhathast air am meas mar Sgìre Cànain Sònraichte; agus
- chaidh ceist a thogail a thaobh co-dhiù a bha laigse ann an solar Gàidhlig ann an cùram-chloinne. Mar fhreagairt, bha Sgioba na Gàidhlig air a bhith a' coimhead air staitistearachd a' buntainn ri aois airson fios fhaighinn air dè a dh'fheumadh a bhith air a dhèanamh.

Às dèidh sin:-

- THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg; agus
- DH'AONTAICH** a' Chomataidh gun deigheadh leantainn air adhart le obair-deasachaidh airson dèanamh cinnteach gun urrainn do Chomhairle na Gàidhealtachd freagradh ris na dleastanasan is na cothroman ùra a tha an lùib Bile nan Cànanan Albannach.

5. Co-labhairt Ghàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/7/25 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine.

B' e amas na Co-labhairt Gàidhlig aire a thogail mu luach cultarach is eaconamach a' chàin air feadh na Gàidhealtachd. Bha còrr is ceud riochdaire bho raon farsaing roinnean an làthair aig an tachartas. Bha an Leas-Phrìomh Mhinistear air teachdaireachd a chlàradh, agus dheigheadh lethbhreac a chur gu Bhuill. An seo, bha i air a taic a chur an cèill airson na Gàidhlig san eaconamaidh, gu h-àraid ann an sgìrean dùthchail. Sheall a' cho-labhairt gur e so-mhaoin eaconamach a bha sa

Ghàidhlig agus cho cudromach 's a bha com-pàirteachas òigridh agus leasachadh coimhearsnachd mar phàirt dhen a sin.

Dheigheadh mion-sgrùdadh a dhèanamh air fios air ais bho riochdairean agus bhiodh seo air a thoirt an lùib nan ath cheumannan a bhathar a' moladh.

Rè na deasbaireachd, chaidh na puingeannan a leanas a thogail:-

- bha e cudromach aithne is brosnachadh a thoirt dhan obair a bha Comhairle na Gàidhealtachd a' dèanamh a thaobh na Gàidhlig, agus mar a bha seo a' co-thaobhadh ri saoghal na Gàidhlig. Bha a' Cho-labhairt seo air cothrom a thoirt seachad sin a dhèanamh;
- chaidh fàilte a chur air làthaireachd nan Comhairlichean aig a' Cho-labhairt;
- bha e cudromach togail air toraidhean na Co-labhairt agus air cothroman sam bith eile a dh'fhaodadh tighinn am bàrr. Chaidh moladh gun deigheadh loidhne-time ullachadh a thaobh seo;
- dheigheadh cunntas dhen mhion-sgrùdadh a dheigheadh a dhèanamh às dèidh an tachartais a thoirt chun na h-ath choinneimh de Chomataidh na Gàidhlig agus bheireadh seo beachd seachad air co-dhiù a bhiodh e comasach co-labhairtean eile a dhèanamh;
- bha a' Ghàidhlig fìor chudromach a-nis, chan ann a-mhàin ann an sgoiltean, ach a-muigh sa choimhearsnachd agus san àite-obrach; agus
- b' e neart dha-rìribh a bh' ann gun robhar a' bruidhinn sa Ghàidhlig aig a' Cho-labhairt.

Às dèidh sin:-

- THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg;
- THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** do na prìomh theachdaireachdan bhon cho-labhairt; agus
- DH'AONTAICH** a' Chomataidh aonta a thoirt do na h-ath cheumannan ann an earrainn 9.

6. Foghlam Gàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/8/25 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine, agus bha taisbeanadh ann bho Bhun-Sgoil Bhaile an Fhraoich.

Dh'inns an Ceannard agus na sgoilearan dhan Chomataidh mar a bha pàirt mhòr aig a' Ghàidhlig san sgoil aca. Bha a' Ghàidhlig a-nis follaiseach ann am beatha làitheil sa Ghàidhealtachd agus bha i air a cleachdadh air soidhnichean sràide, ainmean-àite agus sna meadhanan. Bhiodh comas labhairt sa Ghàidhlig mar sin a' fosgladh mòran chothroman dhaibh san àm ri teachd ach aig an àm seo bha iad toilichte a' Ghàidhlig a cho-roinn thar coimhearsnachd na sgoile. Bha spòrs air a bhith an lùib a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig agus thug iad iomradh sònraichte air Seachdain na Gàidhlig far an robh iad air am filmeadh airson co-chruinneachaidhean air-loidhne – agus b' iad an aon sgoil nach robh an lùib Foghlam tron Ghàidhlig. Bha Joy Dunlop,

aon de stiùirichean Seachdain na Gàidhlig, air tadhal air an sgoil agus bha sgoilearan air cothrom a ghabhail tuairmsean sìde a thaisbeanadh dhi.

Chaidh meal an naidheachd a chur air a' Cheannard agus air na sgoilearan airson taisbeanadh sàr-mhath a thoirt seachad. Bha Ceannard na Comhairle cuideachd air tadhal air Bun-Sgoil Bhaile an Fhraoich còmhla ri Joy Dunlop agus bha inbhe nam bhidiothan, nan tuairmsean sìde agus nan consairtean air a bhith sònraichte. Bha an òigridh a bha na lùib nam fìor thosgairmean airson a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig. Bha seo a' toirt am follais carson a bha Comhairle na Gàidhealtachd air thoiseach am measg ùghdarrasan ionadail a thaobh Foghlam Gàidhlig ann an Alba agus soirbheachas Iomairt Cànan 1+2.

Às dèidh sin:-

- i. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan cheannardas a chaidh a shealltainn aig Bun-Sgoil Bhaile an Fhraoich gus ùidh is com-pàirt anns a' Ghàidhlig fhàs thar na sgoile;
- ii. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** agus chuir a' Chomataidh fàilte air an adhartas gu ruige targaid a' Phlana Ghàidhlig airson foghlam Gàidhlig ann an C2 agus C3 anns a' Ghàidhealtachd ann am paragraf 6.2 dhen aithisg;
- iii. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** do na cothroman airson ionnsachadh proifeiseanta ro-innleachdail do thidsearan ann am foghlam Gàidhlig; agus
- iv. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh na h-ath cheumannan airson foghlam Gàidhlig.

7. Adhartas PnG (PRMS)

Aithris Fhollaiseachd: dh'fhoillsich an Dr M Gregson Aithris Fhollaiseachd a thaobh an nì seo, seach gun robh e na bhall de Chultarlann Inbhir Nis. Ach, às dèidh dha an deuchainn a chur an gnìomh, cho-dhùin e nach robh com-pàirt aige ri fhoillseachadh.

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/9/25 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine.

Chaidh taing a thoirt do dh'oifigearan airson deagh phàipear a bha a' sealltainn gun robh libhrigeadh aig ìre àrd agus sleamhnachadh aig ìre ìosal. Bhathar a-nis a' faicinn na Gàidhlig san fharsaingeachd ann an solas nas fheàrr. Bha cothrom air leth sa Ghàidhealtachd, gu h-àraid ri linn longan cuairtean-mara ann am port Inbhir Ghòrdain, a thaobh ùidh ann an Gàidhlig agus cultar na Gàidhealtachd. Chan e a-mhàin gum faodadh seo prothaid a chruthachadh do ghnòthachasan ach dh'fhaodadh e cuideachd ùidh a thogail ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig sna sgìrean seo.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg.

8. Mòd Loch Abar (ACG)

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/10/25 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine.

Thug Mgr Seumas Greumach, Àrd-Oifigear a' Chomuinn Ghàidhealaich, seachad cunntas mun obair ullachaidh a bhathar a' dèanamh air thoiseach air a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail ann an Loch Abar. Bha an luchd-ùidhe uile ag obair ann an co-

bhann ri chèile. Bhathar a' cumail choinneamhan gu cunbhalach airson dèanamh cinnteach gun robh na prìomh nithean, a leithid bun-structar, air dòigh agus chaidh taing a nochdadh do dh'oifigearan na Comhairle, bho ghrunn sheirbheisean, airson an cuideachadh. Bha inntrigidhean airson a' Mhòid dìreach air dùnadh agus bha e toilichte aithris gun robh àireamhan air meudachadh bhon Mhòd mu dheireadh anns an Òban. Bhathar air seiseanan com-pàirteachadh gnothachais a chumail ann an co-bhann le Seòmar Malairt Loch Abar agus bha seo air a bhith buannachdail dha-rìribh. Uile gu lèir, bhathar an dòchas gun deigheadh sàr thachartas a libhrigeadh.

Rè na deasbaireachd, chaidh na puingeann a leanas a thogail:-

- chaidh fàilte a chur air an àrdachadh ann an àireamhan agus chaidh beachd iarraidh mu dheamografachd seo. Bha mion-sgrùdadh fhathast ri dhèanamh, ach bha coltas ann aig an ìre thràth seo gun robh am meudachadh ri linn ìrean òigridh agus sgoiltean a bha air buannachd fhaighinn à Acadamaidh a' Mhòid;
- bha Mòdan mar bu trice a' tarraing luchd-farpais bhon sgìre ionadail;
- chaidh fiosrachadh a shireadh mu na dòighean sam faodadh farpaisich òga a bhith air am brosnachadh gus leantainn air adhart a' farpais ann am Mòdan agus an uair sin cur a-steach airson farpaisean nan inbheach. Bhathar a' cumail chòmhraidhean le Foghlam Alba airson cur an cèill cho fìor chudromach 's a bha Mòdan, an dà chuid ionadail agus nàiseanta, gus beairteas a thoirt do dhaoine òga ann am foghlam agus bhathar air iarrtas foirmeil a dhèanamh gun deigheadh seo a thoirt a-steach gu foirmeil dhan churraicealam mar cho-phàirt bhunaiteach;
- chaidh faighneachd an robh obair a' dol air adhart gus cuimseachadh air sgìrean sònraichte far am faodadh cothrom a bhith sa Ghàidhealtachd, coltach ri iomairt Acadamaidh a' Mhòid. Dh'fhaodadh seo a bhith ann an riochd Còisir Òigridh Nàiseanta Gàidhlig a bhiodh a' fighe a-steach le Mòdan agus còisirean òigridh;
- bha lìonra de fhichead Mòd ionadail ann bha seo a' sìor fhàs, le dòchas gum biodh a dhà eile ann an-ath-bhliadhna. B' urrainn dhan Chomunn Ghàidhealach taic phractaigeach agus beagan taic tabhartais a thoirt seachad;
- bha Loch Abar a' coimhead air adhart ris a' Mhòd agus bhathar an dòchas gum biodh seo ruigsinneachd dhan a h-uile duine. Cha b' ann a-mhàin mu cheòl a bhiodh am Mòd ach mu na cothroman eile a bha na lùib; agus
- bhathar a' tuigsinn gum biodh Mgr Greumach a' fàgail a' Chomuinn Ghàidhealaich agus a' dol gu Bòrd na Gàidhlig agus bha a' Chomataidh a' guidhe gach soirbheachas dha san àm ri teachd.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** do na gnìomhan gu ruige seo a thaobh stiùireadh is eagrachadh Mòd Nàiseanta Rìoghail Loch Abar a thèid a chumail eadar 10–18 Dàmhair 2025.

9. Na Trads – Measadh Buaidh Eaconamaich

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/11/25 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine.

Chuir Buill an cèill an taic do Na Trads. Bha iad nan eisimpleir de shàr obrachadh com-pàirteach, thar grunn bhuidhnean, a' taisbeanadh tàlant a chaidh àrach sa Ghàidhealtachd. Bha iad a' toirt am follais cànan, ealain is cultar na Gàidhlig agus a' toirt cothrom dhan Ghàidhealtachd coimeas a dhèanamh le sgìrean eile. Bha iad

cuideachd a' toirt cothrom do raon farsaing bhuidhnean a bhith air an ainmeachadh is air an aithneachadh airson an cuid obrach ann an coimhearsnachd agus sgoiltean na Gàidhealtachd. Bha e cudromach gun leanadh Comhairle na Gàidhealtachd air adhart ag obair ann an co-bhann leis Na Trads a' dol air adhart.

Às dèidh sin:-

- i. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg; agus
- ii. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** gu bheil Na Trads air com-pàirteachasan làidir a thogail le luchd-ùidhe gus buannachdan a bhrosnachadh dhan Ghàidhlig, do chultar, do sheasmhachd, agus do na gnìomhachasan cruthachail.

Chrìochnaich a' choinneamh aig 4.05f.